COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

**COMATAIDH NA GÀIDHLIG:**
**Dìleab 2024: Leverhulme**

**18th June 2024**

Report By Chief Executive

**PURPOSE**

1.1 This Report provides a short update on the Dìleab project in 2024

**EXECUTIVE SUMMARY**

2.1 Following on from the success of the 2023 Dìleab project, commemorating the centenary of the sailing of the Metagama, the Dileab 2024: Leverhulme project continued to develop, and again was highly successful and welcomed by all. Four performances took place across Lewis & Harris in March and May 2024. Productions involved Sir E Scott, Leverhulme Memorial School, Stornoway Primary, The Nicolson Institute and Sgoil an Rubha. The events were all sold out and approximately 800 people attended the four events.

2.2 Over 1500 pupils were engaged in the project. It featured additional support from local historians, storytellers and a team of support for stage management, costume, directions and multimedia.

2.3
The aims of the Dìleab project are as follows:

- bring local history to life for the current population, both school children and the wider community alike;
- generate exciting and relevant materials to aid teaching through Curriculum for Excellence, both within the timeframe of the project and beyond;
- create opportunities for intergenerational learning;

**COMATAIDH NA GÀIDHLIG:**
**Dìleab 2024: Leverhulme**

**18mh Ògmhios 2024**

Aithisg leis an Àrd-oifigear

**ADHBHAR**

1.1 Tha an Aithisg seo a’ toirt seachad fiosrachadh mu dheidhinn an obair a ghabh àite mu choinneamh Dìleab 2024

**GEÀRR-CHUNNTAS**

2.1 A’ leantainn air soirbheachadh pròiseact Dìleab 2023, a bha a’ comharrachadh ciad bliadhna bho sheòl a’ Mhetagama, chaidh pròiseact Dìleab 2024: Leverhulme a leasachadh, agus a-rithist, bha e air leth soirbheachail agus chòrd e ris a h-uile duine. Ghabh ceithir consairtean àite air feadh Leòdhais agus na Hearadh anns a' Mhàirt agus a’ Chèitein 2024. ‘B iad Sir E Scott, Sgoil an t-Oib, Bunsgoil Steòrnabhaigh, Sgoil Mhicneacail agus Sgoil an Rubha. Chaidh na tiogaidean gu lèir a reic airson nan cuirmnean agus thathar den bheachd gu robh còrr air 800 an làthair aig na ceithir tachartasan.

2.2 Bha còrr is 1500 sgoilear an-luib a’ phròiseict. Bha taic a bharrachd bho eòlaichean eachdraidh ionadail, seanchaidhean agus sgioba taic airson stiùireadh na h-àird-ùrlair, trusadh, stìuireadh dràma agus na h-ioma-mheadhanan.

2.3
Is iad na h-amasan aig Dìleab:

- Ar eachdraidh ionadail ath-bheòthachadh airson ginealaichean an latha an-diugh, clann-sgoile agus coimhearsnachd air fad, an dà chuid;
- Stuthan buntainneach agus beothail ullachadh gus taic a chumail ri teagasg eifeachdach agus leantainneach;
- Cothroman a shuidheachadh airson ionnsachadh thar-ghinealaich;
- Agus ùrlar ullachadh airson a’ bheartas de cheardais-ciuil agus dràma a dh’ èireadh à

- provide a context for the creation of new works of music and drama inspired by the project themes, as well as opportunities for performance of these;
- generate economic benefit for Comuinn Eachdraidh and the community;
- showcase the cultural history and current talents of the Outer Hebrides to a wider audience, celebrating the resilience of our communities and other positive aspects of the historical legacy which have contributed to the vibrancy of life on the islands today.

teamaichean na pròiseactan, a thilleadh air cothroman airson tachartasan co-cheangailte;

- Buannachdan eaconomagach a lìbhrigeadh airson Comainn Eachdraidh agus coimhearsnachdan;
- Deagh-ghean a thogail air eachdraidh chultaireil agus tàlantan làithreach airson luchd-èisteachd nas fharsainge, a' togail ùidh ann an treuntachd ar coimhearsnachdan agus buaidhean làidir eile dhen dìleab eachdraidhdeil a tha air cur ri beòthachd na h-eileanan an-diugh.

2.4
By delivering a progressive, ongoing programme of thematic activities over a number of years, in conjunction with all CnES schools, the Dìleab programme is ensuring that young people engage with aspects of language, culture, music and drama.

2.4
Tro bhith a' lìbhrigeadh prògram adhartach, leantainneach thairis air grunn bhliadhnaichean agus tro bhith ag obair leis a h-uile sgoil anns na h-Eileanan an Iar, tha prògram Dìleab a' dèanamh cinnteach gu bheil òigridh an-sàs ann an cànan, cultar, ceól agus drama.

2.5
It is an excellent example of intergenerational collaboration with all participants benefitting. Partnership from Fèisean nan Gàidheal has been crucial in bringing this to fruition.

2.5
Is e deagh eisimpleir a tha seo de chom-pàirteachas eadar-ghinealach le buannachdan ann airson gach neach. As aonais taic bho Fhèisean nan Gàidheal agus na Comuinn Eachdraidh, cha bhiodh e comasach seo a thoirt gu buil.

2.6
£40k of funding was given by the Scottish Government which enabled the project to be delivered to a high standard. The sum received is testament to the high esteem in which the project is regarded at national level. We are hopeful, should Dileab 2025, be developed that additional funding would be secured by external agencies.

2.6
Fhuairear £40k de mhaoineachadh bho Rìaghaltas na h-Alba agus leis a mhaoin seo chaidh air an sgioba pròiseact a lìbhrigeadh aig sàr àrd ìre. Tha an sùim de mhaoineachadh seo a' sealltainn an luach a thathar a' cur ann an Dìleab aig ìre nàiseanta. Tha sinn dòchasach, ma thèid againn, air Dìleab 2025 a thoirt gu buil, gum biodh taic airgid ann dhuinn.

.

**3.1 RECOMMENDATIONS**

**It is recommended that the Comhairle note the content of this Report.**

**3.1 MOLAIDHEAN**

**Thathar a' moladh gun toireadh a' Chomhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisge seo.**

Contact:
Officer:

Cuir fios gu:
Evelyn Coull

NicLeòid,
evelyn@gnes.net

Appendix: Fa-sgrìobhadh:

Background Papers: Pàipearan Fiosrachaidh

**IMPLICATIONS**

The following implications are applicable in terms of the Report.

4.1

| Resource Implications | Implications/None |
|---|---|
| Financial | % to be met from Comhairle budgets |
| Legal | None |
| Staffing | None |
| Assets and Property | None |
| | |
| **Strategic Implications** | **Implications/None** |
| Risk | None |
| Equalities | None |
| Corporate Strategy | Corporate Strategy Priority 1.5: Gaelic Language & Culture |
| Environmental Impact | None |
| Consultation | None |

**BUAIDH**

Tha na leanas mar bhuaidhean a thaobh na h-Aithisge.

4.1

| Buaidhean Stòras | Buaidh/Neo-ni |
|---|---|
| | |
| Ionmhas | % ris an tèid coinneachadh bho bhuidseatan na Comhairle |
| Laghail | Neo-ni |
| Sgiobachd | Neo-ni |
| So-mhaoin is Tog | Neo-ni |
| | |
| **Buaidhean Ro-innleachdail** | **Buaidh/Neo-ni** |
| Cunnart | Neo-ni |
| Co-ionnanachd | Neo-ni |
| Ro-innleachd Chorporra | Ro-innleachd Chorporra Prìomhachas 1.5: Gàidhlig agus Cultar |
| Buaidh air an Àrainneachd | Neo-ni |
| Co-chomhairleachadh | Neo-ni |